

# Pàigheadh Ciorraim Inbheach dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis

Bheir Pàigheadh Ciorraim Inbheach taic-airgid do dhaoine ma tha iad air breithneachadh fhaighinn gu bheil tinneas-bàis orra.

Tha e ri fhaighinn airson daoine eadar 16 bliadhna a dh'aois agus aois peinnsean na stàite. Faodaidh iad iarrtas a dhèanamh ge bith dè cho fada air ais a fhuair iad breithneachadh, no dè an dùil-beatha.

## Mar a nithear iarrtas

Chan fheum sinn ach:

- foirm-iarrtais Pàigheadh Ciorraim Inbheach nas giorra a dh'iarras fiosrachadh bunaiteach a-mhàin
- dearbhadh air breithneachadh tinneas-bàis bho dhotair no nurs clàraichte a tha an sàs ann an cùram no breithneachadh an neach le tinneas-bàis.

Is e am foirm a bu chòir don dotair no an nurs a lìonadh agus a thilleadh thugainn am foirm Measadh Shochairean fo Riaghailtean Sònraichte (BASRiS). Tha am BASRiS ga chleachdadh le dotairean agus nursaichean gus dearbhadh gu bheil tinneas-bàis air cuideigin, a' toirt cothrom dhuinn an t-iarrtas aca a làimhseachadh nas luaithe.

Faodaidh an neach le tinneas-bàis am foirm iarraidh orra, no faodaidh sinn iarraidh às an leth. Ma tha iad air foirm DS1500 neo SR1 a lìonadh mu thràth, gabhaidh sinn ri sin.

## Nuair a gheibh sinn iarrtas

Nuair a thèid iarrtas a chrìochnachadh gu soirbheachail:

- gheibh iad, gu fèin-obrachail, am pàigheadh as àirde airson bith-beò làitheil agus comas-gluasaid
- bidh am pàigheadh leantainneach gun feum a bhith air ath-bhreithneachadh
- thèid am pàigheadh obrachadh a-mach bhon cheann-latha air an d' fhuair sinn an t-iarrtas aca no bhon cheann-latha a tha am foirm BASRiS ag ràdh a rinneadh breithneachadh-lèigh gun robh tinneas-bàis orra, ge be a tha nas tràithe.

Tha pàigheadh ga dhèanamh gach seachdain ro làimh.

## Dè cho fada 's a bheir seo?

Bidh an luchd-obrach againn a fhuair trèanadh sònraichte a' dèiligeadh ris an iarrtas gu luath. Cuiridh sinn litir a-mach leis a' cho-dhùnadh againn.

## A' faighinn barail eile air breithneachadh-lèigh

Faodaidh neach barail eile iarraidh mura h-eil iad ag aontachadh ris a' bhreithneachadh-lèigh. Faodaidh iad tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air Cairt Còraichean is Dleastanasan nan Euslainteach air [mygov.scot](http://mygov.scot) le bhith a' rannsachadh còraichean euslaintich.

## Am faod cuideigin iarrtas a dhèanamh airson sochairean co-cheangailte sam bith?

Dh'fhaodte gu bheil iad airidh air sochairean, seirbheisean agus tàillibhean a bharrachd. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [mygov.scot/benefits](https://mygov.scot/benefits).

## Càit am faigh iad barrachd fiosrachaidh agus iarrtas a dhèanamh?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/benefits](https://mygov.scot/benefits). Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

## Am feum cuideigin taic bho neach-tagrachd?

Tha an t-seirbheis tagrachd neo-eisimeileach VoiceAbility a' toirt taic do dhaoine ciorramach nuair a tha iad a' cur a-steach airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba. Cuir fios gu VoiceAbility an-asgaidh **0300 303 1660** no le tadhal air [www.voiceability.org](https://www.voiceability.org).



Tha mòran dhaoine draghail mu chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu faighinn, tadhail air [gov.scot/costoflivingsupport](https://gov.scot/costoflivingsupport). No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](https://contactscotland-bsl.org)



Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](https://chat.socialsecurity.gov.scot)